


# Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd  
Press Release



**\*SCROLL DOWN FOR ENGLISH VERSION\***

Airson a sgaoileadh sa bhad, Dimàirt 10/04/2012

## Tràth-Bhliadhnaichean na Gàidhlig a' fàs

Tha sgioba nan tràth-bhliadhnaichean aig Bòrd na Gàidhlig a' faicinn soirbheachadh sa chìad bhliadhna aca.

Tha 23 buidhnean ùra aois 0-5 bliadhna air an cur air bhonn no air an ath-stèidheachadh thairis air an dà mhìos dheug a chaidh seachad, a' toirt na h-àireimh iomlain de bhuidhnean Gàidhlig air feadh na h-Alba a' frithealadh an raoin aoise seo gu 79.

Bhon Earrach 2011 tha Bòrd na Gàidhlig air 5 Oifigearan Taic Tràth-Bhliadhnaichean fhastadh gus taic a chumail ri buidhnean agus comataidhean tràth-bhliadhnaichean air feadh na h-Alba. Tha àite deatamach aig an sgioba ann an leasachadh structaran taic anns na sgìrean cruinn-eòlach aca agus aig an aon àm ag obair làimh ri Ùghdarrasan Ionadail, Comunn nam Pàrant agus buidhnean Gàidhlig gus meudachadh a thoirt air èifeachdas.

Chuir Ministear na Gàidhlig ann an Riaghaltas na h-Alba, Dr Alasdair Allan, fàilte air an leudachadh ann an solar Gàidhlig 0-5: "Tha Riaghaltas na h-Alba dealasach a thaobh tùs beatha cho math 's a ghabhas dèanamh a thoirt do chloinn uile, mòr-mhiann a tha a' nochdadh ann am Frèam-obrach nan Tràth-Bhliadhnaichean. Tha mi toilichte leis an adhartas a tha Bòrd na Gàidhlig a' coileanadh ann an leasachadh solar nan tràth-bhliadhnaichean Gàidhlig. Tha Riaghaltas na h-Alba air am misneachadh leis na h-àireamhan mheudaichte a tha a' dol an dà chuid tro fhoghlam Gàidhlig agus air an làimh eile a' nochdadh ùidh sa chànan, agus tha sinn a' cur ar n-uile thaic ris a' Bhòrd ann an cumail suas agus leasachadh air an t-soirbheachadh a chunnacas san raon seo cheana.

Cuideachd, dhearbh Bòrd na Gàidhlig taic de suas ri £90,000 don raon seo, le 30 buidheann a' faotainn buannachd bho bhuleachadh thabhartasan a' dol bho £140 gu £5,000.

## Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd  
Press Release



Tha Cathraiche Eadar-amail Bòrd na Gàidhlig, Ealasaid Nic an t-Saoir, ag ràdh gu bheil feum aig Gàidhlig ann an Alba san àm ri teachd air meudachadh ann an cleachdadadh is tar-chur na Gàidhlig san dachaigh agus solar is leudachadh air foghlam Gàidhlig nan tràth-bhliadhnaichean: “Tha na bliadhnaichean ro-sgoile gu h-àraig brigheil a thaobh togail càinain, a' neartachadh an leasachaidh inntinneil a tha a' gabhail àite rè an ama seo.”

“Tha sinn an dùil gum foillsich Riaghaltas na h-Alba Am Plana Càinain Nàiseanta Gàidhlig 2012-17 a dh'aithghearr. Tha am Plana a' mìneachadh nan gnìomhan a tha a dhìth airson fàs a thoirt air na h-àireamhan a tha ag ionnsachadh agus a' cleachdadadh na Gàidhlig ann an Alba. Tha ionnsachadh càinain san dachaigh agus sna tràth-bhliadhnaichean deatamach don Ghàidhlig ann an Alba san àm ri teachd. Tha ionnsachadh càinain sna tràth-bhliadhnaichean a' toradh ann an ceangal agus dìlseachd do chànan agus a' solarachadh bunait agus dùil air leantalachd ann an ionnsachadh na Gàidhlig. Air na h-adhbharan sin, bidh am Bòrd a' toirt priomhachas don raon leasachaidh chudromach seo agus bidh gnìomhachd is goireasan air an cuimseachadh air iomairtean a tha ag adhartachadh Gàidhlig san dachaigh agus sna tràth-bhliadhnaichean.”

Thuirt Leasaiche Foghlaim & Ionnsachaidh aig Bòrd na Gàidhlig, Màiri Nic Ille Mhaoil: “Tha pàrantan air feadh na h-Alba a' fàs mothachail do na bunnachdan dearbhte co-cheangailte ri dà-chànanas. Tha seo follaiseach bhon ùidh a tha ar oifigearan Taic Tràth-Bhliadhnaichean a' faicinn a thaobh taic a thoirt do leasachadh bhuidhnean ùra airson àrainneachd ionnsachaidh-càinain a tha spòrsail a sholarachadh do chloinn òga, agus cothrom a thoirt dhaibh air ceangal gu corporra agus gu h-inntinneil le càch a chèile air bhunait cunbalach, aig an aon àm a' toirt cothrom do phàrantan coinneachadh ri pàrantan eile aig a bheil ùidh ann am foghlam Gàidhlig.”

### DEIREADH

**Airson tuilleadh fiosrachaидh mu shusbaint na brath naidheachd seo, cuiribh fios gu Steven MacIomhair, Oifigear Corporra is Conaltraidh aig Bòrd na Gàidhlig, air post-d gu [steven@gaidhlig.org.uk](mailto:steven@gaidhlig.org.uk) no le fònadh fòn-làimhe: 07557 481 081.**

# Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd  
Press Release




## NOTAICHEAN DON LUCHD-DEASAICH

*Tha liosta shlàn de na buidheanan fhuair taic an lùib seo.*

*'S e Bòrd na Gàidhlig a' bhuidheann reachdail le dleastanas airson adhartachadh is leasachadh na Gàidhlig, a thuilleadh air comhairleachadh Mhainistearan Riaghaltas na h-Alba. [www.gaidhlig.org.uk](http://www.gaidhlig.org.uk)*

# Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd  
Press Release



**For Immediate use, Tuesday 10/04/2012**

## Gaelic Early Years grows

Bòrd na Gàidhlig's in-house early-years team sees success in their first year.

The last twelve months has seen 23 new Gaelic 0-5 groups formed or re-established, bringing the total number of Gaelic groups across Scotland catering for this age group to 79.

From Spring 2011 Bòrd na Gàidhlig has employed 5 Early Years Support Officers to support early groups and committees across Scotland. The team play a pivotal role in developing support structures in their geographical areas while working alongside Local Authorities, Comunn nam Pàrant, and Gaelic organisations for increased effectiveness.

Scottish Government Minister for Gaelic, Dr Alasdair Allan, welcomed the expansion of Gaelic 0-5 provision: “The Scottish Government is committed to giving all children the best possible start in life, an aspiration reflected in our Early Years Framework. I am pleased with the progress Bòrd na Gàidhlig is making in the development of Gaelic early years provision. The increasing numbers both going through Gaelic education and showing an interest in the language is encouraging and we fully support the Bòrd in maintaining and improving upon the success already seen in this area.”

Bòrd na Gàidhlig also confirmed almost £90,000 support to this sector, with 30 groups benefiting in grant awards ranging from £140 to £5,000.

Bòrd na Gàidhlig's Interim Cathraiche (Chair), Elizabeth McAtear says that the future of Gaelic in Scotland requires an increase in the use and transmission of Gaelic in the home and the provision and expansion of Gaelic early years education: “The preschool years are especially significant for language acquisition which in turn enhances cognitive development.”

“We expect that the Scottish Government will launch the 2012-17 National Gaelic Language Plan in the near future. The Plan sets out the actions required to grow the numbers learning and using Gaelic in Scotland. Language learning at home and in early years is vital for the future of the Gaelic language. Early language learning produces an attachment and loyalty

## Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd  
Press Release



to a language and provides a basis for, and expectation of, continuity in Gaelic language learning. For these reasons this key development area is prioritised by the Bòrd and activity and resources will be directed to initiatives that promote Gaelic in the home and early years."

Head of Education & Learning at Bòrd na Gàidhlig, Mary MacMillan said: "Parents across Scotland are becoming aware of the proven benefits of bilingualism, and this is evident from the interest our Early Years Support officers are receiving to support the development of new groups to provide a fun language-learning environment for young children to physically and emotionally bond with one another on a regular basis while allowing parents the opportunity to meet other parents interested in Gaelic education."

### ENDS

For further information on the contents of this news release please contact Steven MacIver, Corporate and Communications Officer, Bòrd na Gàidhlig by e-mailing [steven@gaidhlig.org.uk](mailto:steven@gaidhlig.org.uk) or phoning mobile: 07557 481 081.

### NOTES TO EDITORS

A Full list of groups receiveing funding is attached.

*Bòrd na Gàidhlig is the statutory body responsible for the promotion and development of Gaelic, including advising Scottish Government Ministers. [www.gaidhlig.org.uk](http://www.gaidhlig.org.uk)*

# Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd  
Press Release



Ainm a' Phròiseict	Moladh
An Cearcall	£2,720
Balquidder Pàrant is Pàiste	£2,800
Brogan Beaga	£2,610
Care and Learning Alliance, Brora	£5,000
CnamP Baile Dhuthaich	£3,000
Cowal Gaelic Parent & Toddler Group	£4,972
Croileagan Clach Mhanain/ Car A' Mhuiltean	£1,000
Casan Beaga Gleann Comhainn	£500
Croileagan an Ath Leathann	£4,800
Croileagan an Tairbeart	£5,000
Croileagan Appainn	£1,960
Croileagan Dhun Eideann	£5,000
Croileagan Grianach, Gearasdan	£3,308
Croileagan Inbhir Pheofharain	£2,610
Croileagan Obar Dheathain	£2,910
Croileagan Mhuile	£5,000
Croileagan Iseanan Beaga	£1,842
Croileagan Shlèite	£1,410
Drochaid a ' Chaolais	£4,005
Lochcarron 0-5 Gaelic Group	£140

# Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd  
Press Release



Iomairt Iar Thuath Leodhais	£4,800
Mathan Beaga Inbhir Pheofharain	£4,890
Muile (Buidheann Ur) Bunessan	£2,724
Na Daoine Beaga, Gearrloch	£4,000
Nairn Gaelic Toddler Group	£2,872
Pàrant is Pàiste Dùn Bhreatann,	£3,455
Pàrant is Pàiste a ' Phluic	£250
Rionnagan Beaga Ile	£2,729
Rionnagan Beaga Steornabhagh TFC	£1,870
Sgoil Araich Braigh Lochabair/ Rionnagan Beaga a' Bhraighe	£1,000
	<b>£89,177</b>